## *Orasaigh*

Air iomall fiadhaich de cheann an iardheas
A dh'Uibhist ghrianach mu'n iadh an sàile
Tha 'n t-eilean ianach nan creagan ciar-chas
An nàbachd crìoch ri Cuan Siar nan gàir-thonn.

Ged bhios Neiptiun a' maoimeadh daonnan,
Cha d' chuir e gaoid 'na do chaol-dhruim làidir —
Sheas thu suas ri gach fairge bhaoghail
A bhrist ri d' aodann le faochainn thàireil.
Nam biodh na daoine a threabh gach taobh dhiot
'S a dh'fhiosraich gaoid ann an saothair beòshlaint
Fad oidhche geamhraidh mun chagailt céilidh
Gur mì a dh'éisteadh ri sgeul an còmhraidh.

Tha lorg an t-sealgair gu pailt ri cunntadh
Measg chreagan ùdlaidh aig tiùrr do chòrsa —
Is iomadh diùnlaoch le ghunna dùbailt'
A choisich sunndach a-null an dòirlinn.

Nan d'fhuair thu tàlann gu bruidhinn Gàidhlig
Bhiodh eachdraidh chàirdeil le bàidh 'nad chòmhradh;
Gur pailt an t-Hàllann tha ùir is cnàmhan
Nam fuireann làidir bha snàmh mu d' òban.

Tha tràigh de ghainmhich air dhath an airgid
Is bàigh tha ainmeil le dealbhach' bòidhche;
Do mhullach cruthail air chumadh dùn-lios
Fo chuibhrig fhlùran 's an driùchd gan òradh.

An àm an t-samhraidh bidh crònan tìoma
Aig toiseach lìonaidh a' tighinn gu d' chòrsa,
'S an àm a' gheamhraidh aig toiseach tràghaidh
Bidh nuallain làstail aig gairge bhòc-thonn.

Ri stoirm an fhaoiltich bidh 'n fhairg' 'na taom-bhoil
A' gleacadh faobhair ri d' aodann gròbach;
A dh'olc na dh'éiginn cha d'rinn thu géilleadh,
'S cha d' ghluais do stéidh ri séideadh Aeòlus.

From the 2000 book Smuaintean fo Eiseabhal: THOUGHTS UNDER EISEAVAL.
Edited and translated by Ronald Black.
Birlin Books Limited, Edinburgh. £7.99 ISBN 1 84158 108 9

Tha ealtainn sgèimheach mu d’ sgorran iom-sgoilt’,
    Thu dhaibh ’nad dhìon-àit’ bho shìontan fògairt;
Bidh ròn gu h-uallach air bhàrr nan stuadh-ghlas —
    Tha ’n tìr ’s an cuan ann an dual a bheò-bhith.

Bheir àm h-Éill Pàdraig dhut trusgan àraidh,
    Bidh brat de bhlàthan ’nan àill gad chòmhdach
Bidh ceòl na cuaiche ga mheasg ri suaimhneachd,
    Is thig luchd cuairt thar a’ chuain gad fheòrachd.

From the 2000 book Smuaintean fo Eiseabhal: THOUGHTS UNDER EISEAVAL.
Edited and translated by Ronald Black.
Birlin Books Limited, Edinburgh. £7.99 ISBN 1 84158 108 9